



BOTHAN NAN ÒRAN

Gaelic song-writing course

“Seinnidh sinn na h-òrain aosda, bàrdachd gaisgeachd, gaoil is glòir. Ach bidh cuideachd òrain ùr ann ...”

BOTHAN NAN ÒRAN – CLÀR-AMA NAN SEISEANAN

Bidh gach seisean ga chumail air Zoom, agus feumar feuchainn, cho fad 's a ghabhas, pàirt a ghabhail anns gach seisean tron phròiseact.

SEACHDAIN 1

Diardaoin 26/10/2020

1600-1700:

Cuirm

Cur-air-làr goirid le òrain agus ceòl bho Robbie, Seumas agus Màiri Anna, an sgioba a bhios os cionn nan seiseanan

1700-1815:

Seisean 1

A' tachairt ri càch a chèile, a' bruidhinn mu dheidhinn na tha gu bhi tachairt agus air na tha gach neach an dòchas amas anns a' Bhothan. Geamannan is eacarsaich sgrìobhaidh.

A' coimhead beachdan is teachdaireachdan air bhideo bho sgrìobhaichean Gàidhlig ainmeil.

Còmhradh deireannach.

Stiuirichean Seisein – Màiri Anna, Seumas agus Robbie

Dihaoine 29/10/2020

1700-1815

Seisean 2

A' leantainn air na h-aon chuspairean.

Stiuiriche Seisein – Màiri Anna

SEACHDAIN 2

Diluain 2/11/2020

1700-1815

Seisean 3

Dùbhlán Dàin – ceathrar dhe na seinneadairean ainmeil a' tabhann loidhne no dhà na thoiseach tòiseachaidh air òran ùr. Dèanaibh an taghadh, is dèanaibh an t-òran! (**Màiri Anna**)

Coimhead air cluich le briathran – taghadh briathrachais, structur, cuspair etc. (**Robbie**)

Dimàirt 3/11/2020

1700-1815

Seisean 4

Dùbhlán Dàin 2 (**Màiri Anna**)

Coimhead air cluich le ceòl – structur ciùil, co-sheirm, ruitheam, fonn etc. (**Seumas**)



Dihaoine 5/11/2020
Fad là – gach neach
30' a-rèir clàr-ama

Seisean 5

Seisean leth-uair a thède gach neach le **Màiri Anna** aig uair air a chur air dòigh air thoiseach air an àm. Taic is còmhraidh mu òrain an Dùbhlain Dàin, no òrain sam bith air a bheileas ag obair.

1700-1815

Cruinneachadh Neo-fhoirmeil

Beagan cleasachd, beagan còmhraidh, agus àite airson òrain no dreach-òrain a ghabhail, no bruidhinn mun deidhinn. (**Màiri Anna**)

SEACHDAIN 3

Diluain 16/11/2020
1600-1800

Seisean 6

Geamannan sgrìobhaidh, taic 1-2-1 bho na stiùirichean ann an seòmraichean-cabadaich air-loidhne ma seach, agus cothrom òrain no dreach-òrain a ghabhail no bruidhinn mun deidhinn.

Stiùirichean Seisein – Màiri Anna, Seumas, Robbie

Diardaoin 19/11//2020
1600-1800

Seisean 7

Mar Seisean 6

SEACHDAIN 4

Diluain 23/11//2020
Fad là – gach neach
60' a-rèir clàr-ama

Seisean 8

Seisean uair a thède gach neach le aon dhe na stiùirichean aig uair a chur air dòigh air thoiseach air an àm. Taic is còmhraidh mu òrain an Dùbhlain Dàin, no òrain sam bith air a bheileas ag obair.

Stiùirichean Seisein – Màiri Anna, Seumas, Robbie

Diardaoin 26/11/2020
1700-1815

Seisean 9 – Cèilidh is Crac

Cothrom cluich, seinn is còmhraidh dha na compàirtichean is dòchas gum bidh iad air am misneachadh gus na h-òrain ùra aca a shealltainn do chàch. Cothrom fiathachadh a thoirt do dhuine no dithis – càirdean, co-obraichean – tighinn dhan èisdeachd.

Stiùirichean Seisein – Màiri Anna, Seumas, Robbie

AGUS AN UAIRSIN – A-MACH DHAN T-SAOGHAL MHÒR LEIS NA H-ÒRAIN!!

